An Èipheit o Shean

L.I. Dè cho mòr 's a bha na
h-Èipheitich an urra ris an Nìl?

Abhainn Nìl

Tha Abhainn Nìl a' sruthadh tro mheadhan na h-Èipheit.

Cha b' urrainn do dhaoine fuireach san Èipheit mura biodh an Nìl ann.

Biadh

'S e fàsach a tha sa mhòr-chuid dhen dùthaich. Tha i ro theth agus ro thioram airson bàrr fhàs no beathaichean a chumail. Ach air gach taobh dhen abhainn tha **sriop de thalamh torrach, gorm**. Thèid aig daoine air biadh fhàs an sin agus tha ionaltradh ann do chrodh.

An Talamh Dubh

Anns na seann làithean bhiodh an Nìl a' tuileachadh (a' cur thairis) gach bliadhna agus a' sgaoileadh **eabar beairteach, dubh** air an talamh.

Eabar beairteach dubh

Bha an t-eabar beairteach, dubh seo a' dèanamh an fhearainn uabhasach **torrach**. Bha sin a' ciallachadh gun robh an talamh air leth math airson biadh fhàs.

Bha a h-uile duine an urra ri na tuathanaich airson biadh gu leòr fhàs dha na daoine. Mura biodh biadh ann, bhàsaicheadh na daoine leis an acras.

Ma bha tuil mòr ann, bhiodh fogharadh math ann. Mura biodh tuil mòr ann, bhiodh an t-acras air na daoine.

Dè bhiodh iad a' fàs?

Meal-bhucain, pomagranaitean, fìon-dhearcan, dailean, fìogaisean, ponair, peasair, uinneanan, creamh, leatasan agus cularain.



B' e cruithneachd agus eòrna airson aran agus leann a dhèanamh an dà phrìomh bhàrr a bh' ann.

cruithneachd

eòrna

Bhiodh iad cuideachd a' fàs lìon airson anart a dhèanamh leis airson aodach.

lìon

anart

Iasgach

Bhiodh na h-Èipheitich cuideachd a' faighinn iasg anns an abhainn. Bhiodh iad a' togail bhàtaichean le fiodh no papyrus agus bhiodh iad a' seòladh suas is sìos an abhainn. Bhiodh iad a' glacadh an èisg le sleaghan is lìn. Bhiodh iad cuideachd a' glacadh eòin a bha faisg air an uisge le lìn.

Còmhdhail

Cha robh dòigh air faighinn o aon taobh taobh dhen Nìl chun an taoibh eile ach le bàta – nas lugha na shnàmhadh tu agus nach robh eagal ort ro chrogaill!

Malairt

Cha robh airgead idir aig na Seann Èipheitich. Bhiodh iad ag iomlaid rudan. Canar malairt ris an sin.

Bhiodh iad a' seòladh suas is sìos an Nìl a' malairt bathar a bha iad air a dhèanamh no air fhàs.

Uisge

Bhiodh na h-Èipheitich cuideachd a' cur uisge às an Nìl air an talamh ri taobh na h-aibhne. Canar **uisgeachadh** ris an seo. Bha an t-uisge ga thoirt gu na h-achannan ann an cladhain (coltach ri canàlan) bheaga. Mar sin gheibheadh iad bàrr o phìos beag fearainn.

Breigichean

Bha poll à bruaichean an Nìl air a chleachdadh airson breigichean a dhèanamh airson taighean a thogail.

Am Mìosachan

Bha mìosachan nan Èipheiteach stèidhte air tuileachadh is traoghadh na h-aibhne gach bliadhna. Bha trì ràithean sa bhliadhna le ceithir mìosan anns gach tè. B' e 'Ahket' (An t-Iuchar – An Dàmhair) àm an tuileachaidh. Ann am 'Peret' (An t-Samhainn – An Gearran) bhiodh na h-Èipheitich ri cur. B' e 'Shemu' (Am Màrt –An t-Ògmhios) àm an tairt agus bhiodh am bàrr ga bhuain.

Dìon

Bha an Nìl cuideachd a' dìon na h-Èipheit o ionnsaigh. Dh'fheumadh duine sam bith a bha airson ionnsaigh a thoirt air an Èipheit a dhol tarsainn na h-aibhne an toiseach, agus bha i gu math leathann ann an àitichean.



Papyrus

Thòisich na h-Èipheitich o shean a' dèanamh pàipear le lus a' phapyrus o chionn còrr is còig mìle bliadhna. B' e pàipear an uair sin fear dhe na prìomh nithean a bhiodh an Èipheit a' mach-mhalairt. (a' reic ri dùthchannan eile) Thàinig am facal "pàipear" bhon fhacal "papyrus" o thùs.

Dè bhiodh iad a' dèanamh le papyrus?

Bidh e coltach gun robh na h-Èipheitich o shean a' cleachdadh papyrus ann an iomadh dòigh. Tha fios againn gum biodh iad a' dèanamh pàipear leis, ach bhiodh iad cuideachd a' dèanamh chuaran (sandailean) agus ròp, bhiodh iad ga fhighe airson bratan, basgaidean is feansaichean a dhèanamh agus bhiodh iad cuideachd ag ithe pàirt dhen lus agus ga chleachdadh mar ìocshlaint. Bhiodh iad a' ceangal nan cuilcean còmhla airson eathar a dhèanamh agus gan tioramachadh airson an losgadh san teine. 'S iongantach mura h-iomadh rud eile a bha iad a' dèanamh leis cuideachd.

Carson a bha an Nìl cudromach?





còmhdhail

biadh

uisge

breigichean

malairt

papyrus

AGUS

mìosachan

dìon

A bheil cuimhn’ agad?

A bheil cuimhn’ agad carson a bha an Nìl cho cudromach dha na h-Èipheitich o shean?